

An Litir Bheag
le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 126 (which corresponds to Litir 430). Ruairidh can be contacted at rodgy.macleam@bbc.co.uk.

Halò, a chàirdean. Tha mi a' dol a thòiseachadh an t-seachdain seo le rann. Rann a bhios freagarrach do chloinn òig – agus, tha mi an dòchas, do luchd-ionnsachaidh:

*Seo am fear a bhris an sabhal
Seo am fear a ghoid an t-arbhar
Seo am fear a sheas ag amharc
Seo am fear a theich air falbh
Seo am fear a dh'innis e, a dh'innis e, a dh'innis e.*

A bheil fios agaibh cò mu dheidhinn a tha an rann? Tha còig loidhnichean ann, nach eil? Dè na rudan air a' bhodhaig a tha ann am buidhnean de chòig? Seo an rann a-rithist:

*Seo am fear a bhris an sabhal
Seo am fear a ghoid an t-arbhar
Seo am fear a sheas ag amharc
Seo am fear a theich air falbh
Seo am fear a dh'innis e, a dh'innis e, a dh'innis e.*

'S e rann a th' ann a tha a' gabhail a-steach nan corragan. Na còig corragan. Tha thu a' tòiseachadh leis an òrdaig. Tha thu a' crìochnachadh leis an lùdaig bhig. Bidh pàrantan ag aithris na rainn do na leanaban aca. Bha, co-dhiù. Tha mi an dòchas gu bheil fhathast.

Ann an Eilean Arainn bha an rann rud beag eadar-dhealaichte. Agus 's e tè an àite fear a bha aca. Seo an rann Arainneach:

*Seo an tè a leig an sabhal
Seo an tè a ghoid an sìol
Seo an tè a sheas ag amharc
Seo an tè a ruith air falbh
Seo an tè bheag a b' fheudar dhi a phàigheadh air fad*

Nise, bha an aon seòrsa rainn cuideachd ann am Beurla. Seo eisimpleir:

*This is the one that broke the barn
This is the one that stole the corn
This is the one that stood and saw,
This is the one that ran awa'
This is the man that paid for a'.*

Tha mi a' smaoinichadh gun tàinig an rann bhon Bheurla don Ghàidhlig. Carson a tha mi ag ràdh sin? Tha, a chionn 's gu bheil an comhardadh nas fheàrr ann am Beurla na tha e ann an Gàidhlig. Carson nach ionnsaich sibh fhèin an rann seo – ann an Gàidhlig? Nuair a thachras sibh ri pàiste aig a bheil Gàidhlig – no eadhon aig nach eil – bidh cothrom agaibh a chluich leis. Mar sin leibh.

* * * * *

Faclan is abairtean: Rann a bhios freagarrach do chloinn òig: *a verse that is suitable for young children*; Seo am fear a bhris an sabhal: *this is the man that broke the barn*; Seo am fear a ghoid an t-arbhar: *this is the man that stole the corn*; Seo am fear a sheas ag amharc: *this is the man that stood looking*; Seo am fear a theich air falbh: *this is the man that ran away*; Seo am fear a dh'innis e, a dh'innis e, a dh'innis e: *this is the man that told it, told it, told it*; a bheil fios agaibh cò mu dheidhinn a tha an rann?: *do you know what the verse is about?*; dè na rudan air a' bhodhaig a tha ann am buidhnean de chòig?: *what things on the body are in groups of five?*; a tha a' gabhail a-steach nan corragan: *which takes in the fingers*; tha thu a' tòiseachadh leis an òrdaig: *you begin with the thumb*; tha thu a' crìochnachadh leis an lùdaig bhig: *you finish with the little finger*; bha, co-dhiù: *they did [tell their children the rhyme], anyway*; tha mi an dòchas gu bheil fhathast: *I hope they still do*; Eilean Arainn: *the Isle of Arran*; seo an tè bheag a b' fheudar dhi a phàigheadh air fad: *this is the little woman who had to pay it all*; tha, a chionn 's gu bheil an comhardadh nas fheàrr ann am Beurla: *because the rhyming is better in English*; carson nach ionnsaich sibh fhèin an rann seo: *why don't you learn this verse yourself*; nuair a thachras sibh ri pàiste: *when you meet a child*.

ends